

## Èadhar

Bidh stuthan truailidh a thèid mu sgaoil san àile air sgàth obair dhaoine, mar còmhhdail agus gnìomhachas, a' toirt buaidh air an èadhar mun cuairt oirnn, cho math ri nithean nàdarra.

Tha deagh phiseach air tighinn air càileachd na h-èadhair ann an Alba sna bliadhnaichean a chaidh seachad, agus san fharsaingeachd, tha i a-nis nas glaine na bha i aig àm sam bith bho Mhòr Chaochladh a' Ghnìomhachais (san 19mh linn). Ach, ann an cuid de sgìrean tha droch chàileachd èadhair fhathast a' toirt buaidh air slàinte dhaoine agus air an àrainneachd.

## Staid

Tha piseach mòr air tighinn air càileachd èadhair ann an sgìrean bailteil bho na 1950an, ach tha càileachd èadhair fhathast na uallach ann an cuid de bhailtean is de mhòr-bhailtean. Thugadh lùghdachadh air cuid de stuthan truailidh mar thoradh air barrachd smachd air leigeil ghasaichean mu sgaoil. Ach, tha cuid mhath ri dhèanamh fhathast.

'S e na prìomh stuthan truailidh:

- ogsaidean naitridean;
- stuth le mìrean (dust mìn);
- sulfur dà-ogsaid;
- ammonia;
- co-thàthaidhean organach neo-stèidheil;
- osòn.

Tha na stuthan truailidh sin air an cruthachadh bho ghrunn chùisean daonna agus nàdarra, agus bidh iad a' toirt buaidh air àrainneachdan bailteil agus dùthchail, ged a a dh'fhaodadh na cùisean agus a' bhuidh a bhith eadar-dhealaichte san dà àrainneachd. A dh'aindeoin lùghdachadh ann an gasaichean a' dol mu sgaoil, chì sinn fhathast buaidh stuthan truailidh a th' air an giùlan san èadhar (stuthan truailidh làn searbhaig agus naitridean) ann am mòran àrainnean cugallach.

## Dùbhlain

'S e na prìomh dhùbhlain bho leigeil mu sgaoil:

- còmhhdail;
- cruthachadh lùth;
- gnìomhachas (àiteachas cuideachd).

Ann an sgìrean bailteil, 's e smùid ga sgaoileadh le còmhhdail am prìomh uallach, agus cuideachd stuth mhìrean agus ogsaidean naitridean.

## Freagairt

Far nach eil inbhe càileachd-èadhair aig an ìre a bu chòir, stèidhich ùghdarrasan ionadail [Sgìrean Manaidseadh Càileachd](#) (AQMA). Mar a tha sgrùdadh agus measadh air a dhol am meud ann an Alba, chaidh barrachd AQMA a chomharrachadh.

Tha poileasaidh agus an lagh ag amas air truailleadh èadhair a lùghdachadh, ach feumar smaoinichadh air ceumannan nas fharsainge airson tuilleadh lùghdachaidh fhaotainn.